

## Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 25mh dhen Iuchar 2021

### Ùrnaigh aig 7f

Tha an Salmaidh ag ràdh ris an Tighearna, “Tha thu a’ fosgladh do làmh, agus a’ sàsachadh miann gach nì beò.” Chì sinn anns na faclan seo Dia a chumas a chruthachadh gu lèir ann am bith. Is esan an Dia aig a bheil rìoghachd shìorraidh, agus mairidh uachdranachd air feadh gach uile ghinealach. (Salm 145: 10 - 18). Fhad ’s a sheallas sinn ris an Tighearna, chì sinn a rùn air fhoillseachadh anns na tiodhlacan matha a gheibh sinn bhuaithe tro làithean ar beatha. Aig an aon àm, is aithne dhuinn nach bu chòir dhuinn na tiodhlacan a ghlèidheadh le làmhnan dùinte, no an cumal dhuinn fhìn a-mhàin. Bu chòir dhuinn tiodhlacan Dhè a roinneadh le càch.

Tha dleastanas oirnn mar sheirbheisich an Tighearna a ghràdh fhoillseachadh do ar coimhearsnaich, gràdh an aon a shìn dhuinn làmh fhosgailte

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,  
bidh thu a’ fosgladh do làimh dhuinn,  
agus a’ tabhainn dhuinn tiodhlacan matha.  
Gheibh sinn tiodhlacan bhuaite le taingeachd,  
le buidheachas agus moladh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
bidh thu a’ fosgladh do làimh dhuinn,  
agus a’ tabhainn dhuinn tiodhlac na beatha.  
Tha fhios againn gun deach ar dealbhadh nad ìomhaigh fhèin,  
agus tha sinn ag aithneachadh d’ìomhaigh anns gach uile neach.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
bidh thu a’ fosgladh do làimh dhuinn,

agus a' tabhainn beatha dhan t-saoghal.  
Gheibh sinn an tiodhlac seo bhuat,  
mar sheula do dhìlseachd dhuinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
bidh thu a' fosgladh do làmh dhuinn,  
agus a' tabhainn dhuinn tiodhlac na beatha.  
Tha sinn a' cur romhainn na tiodhlacan a roinneadh do chàch,  
gun ar làmahan fhèin a dùnadh.  
A Tighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
bidh thu a' fosgladh do làimh dhuinn,  
agus a' tabhainn comharraidhean do rìoghachd.  
Bheir sinn fianais mud rìoghachd naomh,  
agus mud ghràs.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,

Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Oll. Daibhidh Miller, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Niall MacMhaoilein, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam

Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an

Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan

Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais

Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla

ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)